

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at roddy.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 444. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 140 corresponds to Litir 444.

Bliadhna Mhath Ùr dhuibh uile, 's gum bi sìth is sonas agaibh anns na mìosan romhainn. Anns an Litir mu dheireadh bha mi ag innse dhuibh mun leabhar aig Seòsamh Watson – *Saoghal Bana-mharaiche* – agus mun bheul-aithris Ghàidhlig a chruinnich e anns na bailtean beaga ann am Machair Rois. Is iad sin Baile a' Chnuic, Baile an Todhair agus Seannduaig.

Faisg air Seannduaig tha baile air a bheil Broomton ann am Beurla. Nise, dè a' Ghàidhlig a bhiodh air sin? *Baile nan Sguab* 's dòcha? Uill, chan e, oir tha ainm a' bhaile a' dèanamh luaidh air an lus *broom*, seach air an rud a bhios daoine a' dèanamh airson sguabadh. 'S e a' Ghàidhlig air broom *bealaidh*. 'S e a' Ghàidhlig air Broomton *Baile a' Bhealaidh*.

A bheil sibh math air amalaidhean-cainnt, no *tongue-twisters*? Chruinnich Seòsamh Watson amaladh-cainnt anns an sgìre sin, co-cheangailte ri Baile a' Bhealaidh. Tha e a' dol mar seo: ***Caoraich Baile a' Bhealaidh ag ithe bealaidh aig beulaibh Baile a' Bhealaidh***. Chan eil sin ro dhoirbh, a bheil? Feuchaibh e. Caoraich Baile a' Bhealaidh ag ithe bealaidh aig beulaibh Baile a' Bhealaidh. Bidh na diofar l's a' dol an lùib a chèile beagan. Nise nas luaithe – uill 's dòcha gum fàg mi sin agaibh fhèin.

Mus lean mi orm, tha e inntinneach nach eil am facal *bealaidh* aig na h-Èireannaich no na Manainnich. Tha iadsan a' gabhail *giolcach shléibhe* agus *giucklagh* air an lus, Agus, gu dearbh, tha *giolcach-slèibhe* aig Dwelly, ged as e *bealaidh* as cumanta ann an Alba. Ach bha MacBheathain dhen bheachd gur dòcha gun tàinig *bealaidh* don Ghàidhlig bho sheann chànan nan Cruithneach.

Bha mi ann am Machair Rois o chionn ghoirid airson feasgar de sgeulachdan is naidheachdan. Bha seann luchd-eòlais agam an làthair, leithid Essie Stiùbhart is Ailig Iain MacUilleim, agus Tom Muir à Arcaibh is Lawrence Tulloch à Sealtainn. Le tàlant mar sin ann, tuigidh sibh gun do chòrd e rium gu mòr. Ach bha mi air a dhol ann gu sònraichte airson èisteachd ri tè a bhuineas do Mhachair Rois fhèin, oir tha i suas ann am bliadhnaichean agus tha làn chlaigeann de bheul-aithris aice bhon sgìre sin. Is ise Doilidh NicDhòmhnaill.

B' i màthair Doilidh Isbeil Anna (bean Uilleim MhicAonghais), nach maireann. B' i Isbeil an neach as motha a thug beul-aithris na sgìre do Sheòsamh Watson. Agus, ged nach eil Doilidh fhèin buileach fileanta ann an Gàidhlig, tha beagan aice, agus tha i uabhasach fiosrachail mu dhualchas na sgìre.

Thug i rann Ghàidhlig seachad mun Linnet Mhòr – soitheach a chaidh fodha ann an stoirm anns an naoidheamh linn deug:

*Linnet Mhòr bha siubhal a' chuain
Thàinig i steach air oidhche ghruaim
Is thilg an stoirm a Chadabol i.*

'S e Cadabol baile beag làimh ri Baile a' Chnuic – agus an cois a' chladaich. Tha beul-aithris aig an t-sluagh fhathast mun oidhche stoirmeil sin anns an Fhaoilleach, ochd ceud deug, ceathrad 's a trì (1843). Chan e dìreach soitheach a chaidh a chall, ach cuid de mhuinntir an àite a bharrachd.

Uill, b' e oidhche mhath a bh' againn airson oidhche nan sgeulachdan, gu h-àraidh airson èisteachd ri a leithid de bheul-aithris, oir bha i gu math stoirmeil. Agus bha sinn faisg air a' chladach agus faisg air an àite far an tàinig an Linnet Mhòr gu tìr.

Linnet Mhòr bha siubhal a' chuain

Thàinig i steach air oidhche ghruaim

Is thilg an stoirm a Chadabol i.

An ath-sheachdain innsidh mi tuilleadh dhuibh mun Linnet Mhòr agus mar a chuimhnich na Gàidheil ann am bàrdachd i.

* * * * *

Faclan na Litreach: Machair Rois: *the flat country of Easter Ross*; sguab: *broom (brush)*; bealaidh: *broom (plant)*; amaladh-cainnt: *tongue-twister*; Arcaibh: *Orkney*; Sealtainn: *Shetland*; Doilidh NicDhòmhnaill: *Dolly MacDonald*; stoirmeil: *stormy*.

Abairtean na Litreach: gum bi sìth is sonas agaibh: *may you have peace and contentment*; mun bheul-aithris a chruinnich e: *about the oral tradition he collected*; Baile a' Chnuic, Baile an Todhair agus Seannduaig: *Hilton, Balintore and Shandwick*; a' dèanamh luaidh air an lus: *making mention of the plant*; seach air an rud a bhios daoine a' dèanamh airson sguabadh: *rather than of the thing that people make for sweeping*; mus lean mi orm: *before I continue*; na h-Èireannaich no na Manainnich: *the Irish or the Manx*; bha MacBheathain dhen bheachd: *[Alexander] Macbain thought*; seann chànan nan Cruithneach: *the old language of the Picts*; feasgar de sgeulachdan is naidheachdan: *an afternoon of stories and anecdotes*; seann luchd-eòlais: *old acquaintances*; tuigidh sibh gun do chòrd e rium gu mòr: *you can see that I really enjoyed it*; airson èisteachd ri tè a bhuineas do: *to listen to a woman who belongs to*; tha i suas ann am bliadhnaichean: *she's getting on in years*; tha làn chlaigeann de bheul-aithris aice: *she is extremely knowledgeable regarding oral tradition*; nach maireann: *deceased*; an neach as motha a thug beul-aithris do X: *the major contributor to X of oral tradition*; soitheach a chaidh fodha: *a vessel that sank*; air oidhche ghruaim: *on a dark gloomy night*; thilg an stoirm a Chadabol i: *the storm threw her onto [the shore at] Cadboll*; an cois a' chladaich: *next to the shore*; cuid de mhuinntir an àite a bharrachd: *some of the local people also*.

Puing-chànain na Litreach: *It's interesting to entertain the possibility that bealaidh is a borrowing from Pictish. The Irish, and alternative Gaelic giolcach-slèibhe, mean "hill reed" – the long narrow branches are a little reminiscent of reeds or rushes. But bealaidh doesn't appear to have a cognate in the other two Q-Celtic languages. Are any of you familiar with any study done into Gaelic plant or animal names which might have originated in Pictish or Brittonic? If so, I'd be pleased to hear from you (rodny.maclean@bbc.co.uk).*

Amaladh-cainnt na Litreach: *Caoraich Baile a' Bhealaidh ag ithe bealaidh aig beulaibh Baile a' Bhealaidh: Broomton sheep eating broom in front of Broomton (it's easier to say in English!)*

* Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.